

Comataidh Lèirsinn

28/5/25, 1000-1300

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Marion Nic na Ceàrdaich (sa Chathair); Rhoda NicDhòmhnaill; Dàibhidh Byrne;
Catriona Mhoireach; Iain Moireasdan

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Mairead Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)
Lorna Nicamhlaigh [LMA] (Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh)
Rowan NicPhàdraig [RN] (Manaidsear Conaltraidh) – puing 5
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] - (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (6/2/25) & GAE

3.1 Geàrr-chunntas - molaichte le Rhoda NicDhòmhnaill agus daingnichte le Catriona Mhoireach.

3.2 GAE – comharraichte

4. Riaghlachas na Comataidh

4.1 Bhruidhinn Cathraiche na Comataidh mun phàipear, le Aithisg Bhliadhnail na Comataidh agus Fèin-mheasadh na Comataidh airson 2024/25 agus clàr-obrach na Comataidh airson 2025/26 air beulaibh bhall.

4.2 Chaidh deasbad a chumail mu dà cheist san Fèin-mheasadh:

4.3 Chaidh cuspair a thogail fo fèin-mheasadh na Comataidh air ròl na Comataidh ann a bhith a' toirt comhairle do Ofcom a thaobh sgilean agus ballrachd a' Bhùird, mar a thathas a' sònrachadh ann an dleastanas na Comataidh: **“To regularly review the skills, knowledge, experience, and diversity of the Board and to make recommendations to the Board and to Ofcom.”** Dh'innis Cathraiche a' Bhùird gum bi e fhèin agus an AO a' bruidhinn ri Ofcom mu

chuspairean sònraichte, ach chaidh aithneachadh nach robh a' Chomataidh a' faicinn sin.

Chaidh aontachadh gum bu chòir conaltradh le Ofcom air cuspairean co-cheangailte ri dleastanas na Comataidh a bhith air a cho-roinn leis a' Chomataidh.

- 4.4 Chaidh deasbad a chumail mun ìre sa bheil e comasach do bhuill a' Bhùird a dhol an sàs ann an còmhraidhean mu choimiseanadh phrògraman. Bha aithne ann gur e obair nan oifigearan a bha ann an coimiseanadh agus gun deigheadh an obair sin a thomhas mu choinneimh na h-amasan a bha am Bòrd a' cur mu choinneimh nan oifigearan anns a' phlana obrachaidh bliadhnaile agus mu choinneimh nam poileasaidhean a bha am Bòrd air aontachadh. Cuideachd, bidh am Bòrd gu dìreach an sàs ann a bhith ag aontachadh prògraman de chosgais £100k san uair agus seachad air an sin, agus bidh beachd aig a' Bhòrd air a bheileas a' toirt seachad seirbheis choileanta tro fharsaingeachd phrògraman.
- 4.5 Gus buill a dhèanamh cho fiosraichte 's a ghabhas mu bhith tuigseach air ro-innleachd phrògraman, thèid dèanamh cinnteach gu bheil am Bòrd a' faighinn fiosrachadh iomchaidh gach cairteal nuair a thig coimiseanairean agus oifigearan a bhruidhinn ris a' Bhòrd mu cho-bhanntachd BBC ALBA.
- 4.6 Bha moladh aig aona bhall cothrom a ghabhail air luchd an eòlais a bha air bòrd C4 agus a dh'fhaodadh tighinn a bhruidhinn ris a' Bhòrd.
- 4.7 Chaidh còmhradh a chumail mun ròl aig a' Chomataidh ann an leasachadh AI agus didseatach nam meadhanan Gàidhlig, mar eisimpleir le bhith a' togail dàimh le pròiseact ASR (automatic speech recognition) Oilthigh Dhùn Èideann.
- 4.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte, ach le aithne gu robh iad ag iarraidh gum bi a' Chomataidh a' dèiligeadh nas lugha le cùisean obrachaidh agus riaghalachais (ach na nithean a dh'fheumas iad) agus a' cur seachad an cuid ùine air leithid susbaint, AI agus cànan.
- 4.9 **Gnìomh:** 1) thèid còmhraidhean fhosgladh le Oilthigh Dhùn Èideann (DC); 2) thèid sgrìobhadh chun dà riaghaltais, a' taiceachadh gun tachair 1) gu h-àrd (DC); 3) thèid iarraidh air neach (mar aig 4.6) a thighinn a bhruidhinn ris a' Chomataidh agus cuireadh a shineadh a-mach chun Bhùird air fad (MAMI); 4) thèid coimhead ri ciamar a tha buidhnean eile a' dèiligeadh ri Fèin-mheasaidhean agus pàipearan co-cheangailte (MAMI); thig am pàipear a bha air beulaibh na Comataidh air Riaghalchas air beulaibh a' Bhùird air 12/6/25 (MAMI).

5. Sùil air faire

a) Cruinneachadh 2025

- 5.1 Bha fiosrachadh mun tachartas air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 5.2 Chaidh a dhaingneachadh gu robhas ag amas gu sònraichte air daoine òga a tha ag obair, no a tha airson a bhith ag obair no pàirt a ghabhail sna meadhanan Gàidhlig, a' gabhail a-steach

daoine òga taobh a-staigh chompanaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach, ach gum bi cuireadh dha thoirt chun phrìomh luchd-ùidhe/*influencers* sa ghnìomhachas cuideachd agus gu robhas a' coimhead ri 's docha pannal a dhèanamh leotha.

5.3 Chaidh a dhaingneachadh gum bi an tachartas air fhilmeadh agus dha shruthadh air ùrlar iomchaidh.

5.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.

b) Sùil air Fàire – cuspairean airson 2025/26

5.5 A' leantainn coinneamh eadar Cathraiche na Comataidh, an AO agus Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh bha na chaidh a dheasbad air beulaibh bhall.

5.6 Thuirt Cathraiche a' Bhùird gu robh e a' dèanamh seisean aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach an ath sheachdain le ceannardan TG4 agus S4C agus gur dòcha gum biodh a h-aon seach aon, no iarr-cheannard TG4 a leig dheth a dhreuchd bho chionn a ghoirid, inntinneach mar labhraiche.

5.7 Bha beachd ann gum biodh seisean air "Aonta Fàs na Gàidhlig", air a libhrigeadh le Cathraiche a' Bhùird, feumail.

5.8 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.

5.9 **Gnìomh**: 1) thèid na seisean a chur air dòigh tron bhliadhna. (MAMI)

6. Luchd-ùidhe

6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air na diofar raointean conaltraidh san robhas an sàs.

6.2 Chaidh soirbheas air leth An t-Eilean a chomharrachadh, le duaisean mòra Circom air am buannachadh. Chaidh meal-a-naidheachd a chur air na sgiobaidhean air fad agus chaidh gach maith a bhuileachadh airson duaisean RTS.

6.3 **Co-dhùnadh**: ghabh buill fainear.

7. Aithisgean Deireadh na Bliadhna

Bha aithisgean deireadh na bliadhna air beulaibh na Comataidh, a' toirt sùil air ais air a' bhliadhna gu 31 Màrt 2025 sna raointean-obrach a tha fo shealladh na Comataidh.

a) HR

7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh co-cheangailte ri Pàigheadh Ghnè agus chaidh deasbad a chumail.

7.2 Bha aithne ann gur e dùbhlán a tha seo, le co-mheas de 2:1 boireannaich ri fireannaich ach le tuarastal meadhanach 14% nas àirde aig fireannaich seach boireannaich.

- 7.3 Chaidh a ràdh gu bheil e na mhisneachd gu bheil obair a' dol in-thaigh a thaobh EDI a chuidicheas le cùisean.
- 7.4 Thathas a' leantainn le obair gus a' bheàrn a lùghdachadh, le lèirmheas dha dhèanamh air cleachdaidhean agus poileasaidhean gus a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig seo air a' bhuidheann a lùghdachadh.
- 7.5 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaiche.
- b) Trèanadh*
- 7.6 Chaidh innse gun deach 35 uairean a thìde de thrèanadh sa bhliadhna iarraidh air gach neach-obrach agus gun do choilean 85% seo.
- 7.7 Thuirt an AO gu robh e a' cur trèanadh mar phrìomhachas pearsanta dhan a h-uile neach leis gu bheileas ag amas air àrd ìre chomais sna raointean obrach air fad.
- 7.8 Chaidh bruidhinn mun dùbhlán a bhith a' faighinn a h-uile duine air bòrd, agus bha aonta ann gu h-àraid ann an raon Dìon saidhbear nach urrainn gabhail ri fiùs aona neach nach eil a' coileanadh an trèanadh.
- 7.9 Chaidh ceist a chur an robhas a' faighinn buannachd às a' chom-pàirteachas leis a' BhBC le leithid BBC Academy. Chaidh a ràdh gu bheileas a' faighinn chothroman gu h-ionadail mar a tha iad ag èirigh gu neo-fhoirmeil, ach nach eil aonta foirmeil ann le BBC Academy a dh'aindeoin a' chuspair a bhith air a thogail barrachd is aon turas.
- 7.10 Chaidh ceist a chur a thaobh a bhith ag àrdachadh sgilean Gàidhlig san àite-obrach. Chaidh innse gu bheil Gàidhlig ann am planaichean agus OKRan gach neach. Chaidh innse nach d' fhuair tagradh sam bith san tagradh a chaidh a-mach bho chionn ghoirid airson sgrùdadh sgilean a dhèanamh ach gun tèid ath-choimhead ris.
- 7.11 **Co-dhùnadh**: bha a' Chomataidh riarachtaiche.
- 7.12 **Gnìomh**: thèid coimhead còmhraidh a thogail a-rithist leis a' BhBC mun BBC Academy ([LMA](#))

c) EDI

- 7.13 Thuirt LMA gun do choinnich i ri Comhairliche EDI an t-seachdain seo. Bha aonta ann gu robh an aithisg a fhuair fada ro fhada agus gum bithear a' faighinn aithisg air a ghearradh sìos. Thèid seisean a chumail le luchd-obrach, thèid an cùmhnan le Mòr Diversity a thoirt gu crìoch (ged a bhios iad ann airson trèanadh sam bith air am bi feum) agus thèidear air adhart le na h-ath cheumannan.
- 7.14 Chaidh innse gu bheileas an dòchas neach-obrach fhaighinn airson a bhith a' làimhseachadh a' chuspair agus gum bi LMA mar sponsair air bho seo a-mach.

7.15 Chaidh innse, bho thaobh pàigheadh ghnè, gum biodh e feumail obair a dhèanamh le leithid sgoiltean agus am BBC, a' taisbeanadh chothroman taobh a-staigh na buidhne airson gu h-àraidh fireannaich òga.

7.16 **Co-dhùnadh**: bha a' Chomataidh riaraichte.

d) Luchd-ùidhe

7.17 Chaidh taing a bhuileachadh air RP airson aithisg cho coileanta.

7.18 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.

e) Dleastanas Chorporra

7.19 **Co-dhùnadh**: bha a' Chomataidh riaraichte ach le aithne gu feum an ath aithisg obair a bharrachd.

8. Planadh Luchd-obrach agus Leantainneachd

8.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh le fiosrachadh air na diofar raointeach obrach agus atharraichean a bha an-dràsta a' dol taobh a-staigh na buidhne.

8.2 Chaidh ceist a chur a thaobh cò iad na ceannardan a bha a' tighinn suas tron t-siostam gus dèanamh cinnteach nach bi beàrnann ann nuair a dh'fhàgas diofar dhaoine a tha an-dràsta aig àrd ìre. Chaidh innse gum bithear a' bruidhinn mun seo tric agus gu bheileas a' feuchainn ri daoine a mhisneachadh.

8.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.

9. OKRan

9.1 Leis gu bheil dleastanas air a' Chomataidh coimhead air comharran soirbheachais na buidhne bha pàipear air bheulaibh na Comataidh le fiosrachadh.

9.2 Sa phàipear bha dà bhonn còmhraidh: 1) ciamar eile a bu chòir dhuinn a bhith a' tomhas adhartas agus 2) a bheil an t-amas, no Key Result (KR) a thaobh Mothachadh (awareness) fhathast freagarrach: "Increase BBC ALBA brand awareness from 73% to 80%".

9.3 Bha tuigse ann gu bheil ìre àrd Mothachaidh BBC ALBA riatanach airson a bhith a' dèanamh argamaid airson barrachd maoineachaidh, ach nach robh ceangal dìreach ann tuilleadh eadar sin agus àireamhan luchd-coimhid phrògraman fa-leth. Bha aithne ann gu faodadh an KR ìsleachadh gu ìre KPI – slat tomhais cudromach.

9.4 Bha aithne ann gu bheil margaidheachd agus *discoverability* aig cridhe seo.

9.5 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.

10. Amasan an Àird-Oifigeir

- 10.1 Thaisbean an AO fiosrachadh air an sgrìon aige, a' sealltainn lèirmheas ro-innleachdail agus sia prìomh dhreachd amasan ro-innleachdail agus chaidh deasbad a chumail.
- 10.2 A thaobh an t-amas “lead the digital future of our language” bha faireachdainn aig aona bhall gur e seo amas a bu chòir a bhith air a cho-roinn le diofar bhuidhnean thar saoghal na Gàidhlig agus gu robh cus uallach ann seo a chur fa chomair aona neach. Bha uallach ann gu feumadh am Bòrd molaidhean a dhèanamh gus ghoireas a chur mu choinneimh seo. Bheil taic gu leòr dha thoirt don Àrd-sgioba Gnìomh airson a bhith a' stiùireadh an raon-obrach seo?
- 10.3 Thuirt Cathraiche a' Bhùird gu robh craoladh, obraichean agus gnìomhachasan aig cridhe Aonta Fàs na Gàidhlig gus an eaconamaidh a ghluasad air adhart agus gu feum MG ALBA a bhith aig cridhe seo agus gu feum an dà Riaghaltas a bhith air a chùlaibh.
- 10.4 Thuirt an AO gu robh feum aig ceannardan barrachd fòcas a chur air ceannardas air an taobh a-muigh cho math ris an taobh a-staigh, le bhith a' toirt daoine còmhla gu maith a' chànain airson nam bliadhnaichean air thoiseachd.
- 10.5 **Gnìomh:** tillidh seo mar chuspair chun Chomataidh. (MAMI)

11. GISBE

- 11.1 Chaidh innse gu robh Cathraiche a' Bhùird, oifigearan agus Luchd-Cruthachaidh Susbaint a' dol gu Fèis nam Meadhanan Ceilteach air 3-5 Ògmhios, far a bheil prògraman Gàidhlig suas airson duaisean.
- 11.2 Chaidh innse gu bheil duaisean RTS a' gabhail àite air 6 Ògmhios, far a bheil prògraman Gàidhlig suas airson duaisean.
- 11.3 Chaidh innse gu bheil DC agus LMA a' dol gu co-labhairt Oilthigh Obar Dheathain Ceangal / Connect air 9/10 Ògmhios.
- 11.4 Chur aona bhall ceist an robh deitichean na Comataidh ro fhaisg air coinneamhan Bùird. Chaidh aontachadh gu faodadh cathraiche na Comataidh beachdachadh air an sin.

12. Deit na h-ath choinneimh – 9/9/25

Ainm sgrìobhte a' chathraiche: